
Semester 2 13/14

BA Cànan is Cultar

Tìotal a' Mhodail:	Sgoilearachd is Eilthireachd nan Gàidheal
Còd a' Mhodail:	UQ508499
Là agus Ceann-là	Diardaoin 15 Cèitean 2014
Uair is Ùine	09.30-11.30 (dà uair a thìde)

'S fhiach an deuchainn seo 40% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodail.

Fiosrachadh:

Tha faclairean ceadaichte airson na deuchainn seo, ach chan eil teacsannan sam bith eile.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn.

Faodar notaichean a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

Feumaidh tu peann dubh no gorm a chleachdadh (far a bheil e iomchaidh, faodar dealbhan a dhèanamh le peansail).

Na sgrìobh ach air aon taobh den duilleig.

Tha naoi ceistean san deuchainn seo. Feumaidh tu dà cheist a fhreagairt a-mach às na ceistean seo.

Na sgrìobh gu mionaideach mu dheidhinn rud air an do sgrìobh thu cheana anns an aiste no san taisbeanadh agad, ach faodaidh tu iomradh goirid a dhèanamh orra mas iomchaidh.

Cuir an àireamh oileanach agad, agus ainm an ionaid-mheasaidh a-mhàin air mullach gach leabhar-freagairt.

Na cuir d' ainm air gin de na duilleagan.

Cuir loidhne tro notaichean nach eil thu ag iarraidh a bhith air an cunntadh.

Bu chòir dhut DÀ CHEIST a fhreagairt.

Cha bu chòir dhut sgrìobhadh gu mionaideach mu dheidhinn rud air an do sgrìobh thu cheana anns an aiste no anns an taisbeanadh agad, ach faodaidh tu iomradh goirid a dhèanamh orra mas iomchaidh.

1. Cò às a thàinig cleachdaidhean nam manachainnean Gàidhealach?
2. Saoil dè an seòrsa duine a bha ann an Colum Cille agus dè an fhianais a tha agad airson do bheachdan?
3. Na h-*Immrama*: a bheil na tùsan aca Criostail no pàganach?
4. Dè an fhianais a tha againn gu robh na Gàidheil a' tadhal air àiteachan ann an ceann a tuath a' Chuain Siar ro linn nan Lochlannach?
5. Ciamar a chuir na Lochlannaich ri eòlas nan Gàidheal a thaobh a bhith seòladh a' Chuain Siar?
6. Cò na *Peregrini Scoti*, agus dè a' bhuaidh a bha aca air cultar na Roinn Eòrpa?
7. Cò bha an sàs ann a bhith a' rannsachadh eachdraidh nan naomh Gàidhealach san t-seachdamh linn deug. Dè bha air chùil na h-iomairt seo?
8. Minich cò no dè a bha ann an CEITHIR de na leanas:

Tabennesi, an Cathach, Connspaid na Càisge, An Naomh Gall,
Markland, Dicúil, Mícheál Ó Cléirigh
9. Dè tha aig a' mhodal seo, Sgoilearachd is Eilthireachd nan Gàidheal, ri ràdh mu chudrom cultar tràth nan Gàidheal?

Deireadh a' Phàipeir